



Fiùdalachd

Le fiùdalachd, bhiodh daoine a' faighinn fearann airson seirbheis no obair a dhèanamh. Air sgàth fiùdalachadh ann an Alba, thàinig mòran dhaoine às ùr a-steach dhan dùthaich. Bha diofar dhòighean aca air rudan a dhèanamh agus air **eadar-obrachadh** ri daoine eile. **Thàlaidh** fiùdalachd Anglaich à Northumbria a Lodainn, agus **thuinnich** iad an sin san 11mh agus san 12ra linn.

Thòisich marsantaich agus luchd-ciùird à **Sasainn a' stèidheachadh** bhorghan **san robh** margaidhean **tuath air a' chrìch**.

Na b' fhaide air adhart, mu 1527, thug Hector Boece, eachdraiche Albannach, iomradh air Sasannaich a bhith a' fuireach ann an Alba.

Thuir e,

'Tha sinne a tha a' fuireach air a' chrìch aig Sasainn air ar cànan màthaireil a thrèigsinn agus air Beurla ionnsachadh. Thug cogaidhean agus malairt oirnn seo a dhèanamh, ach tha na Gàidheil fhathast mar a bha iad ri linn Chaluim a' Chinn Mhòir. B' ann na latha-san a thòisich sinn a' cleachdadh Beurla.'

Anns na thuir e tha e a' dèanamh sgaradh soilleir eadar a' Ghàidhealtachd agus a' Ghalltachd.

